

Am Bann Eileanach

Co-chomhairle



1. Ro-ràdh

Cùl-fhiosrachadh:

Chaidh Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba, a chaidh fhoillseachadh ann an 2019, a sgrìobhadh mar thoradh air Achd nan Eilean (Alba) 2018 agus tha grunn amasan ann gus builean nas fheàrr a thoirt do choimhearsnachdan eileanach na h-Alba.

Rè na co-chomhairle air Plana Nàiseanta nan Eilean, chaidh crìonadh sluaigh a thoirt am follais le coimhearsnachdan eileanach mar am prìomhachas aca. Ann am Plana Nàiseanta nan Eilean, tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn aghaidh a chur air crìonadh sluaigh agus dèanamh cinnteach gu bheil pròifil sluaigh fallain agus cothromach ann. Tha farsaingeachd de cheuman a' cumail taic ris a' ghealltanais seo, a' gabhail a-steach:

- Eileanan a chomharrachadh far a bheil crìonadh sluaigh air fàs fìor dhona gus dèanamh cinnteach gun dèiligear le feumalachdan nan eileanan sin;
- Obrachadh le eileanaich òga gus gnìomhan a chomharrachadh a dh'fhaodadh am brosnachadh gus cumail orra fuireach anns na h-eileanan no tilleadh do na h-eileanan; agus
- Plana gnìomha a chruthachadh gus an sluaigh àrdachadh ann an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach agus obrachadh le com-pàirtichean gus deuchainnean a dhèanamh a thaobh pileatan air sgèile beag.

Tha a bhith a' cruthachadh a' Bhanna Eileanaich ga fhaicinn mar phrìomh cheum gus na gealltanais seo ann am Plana Nàiseanta nan Eilean a libhrigeadh.

Gealltanais Manifesto air Bann Eileanach

Thuir manifesto an SNP: “Gus cuideachadh le stad a chur air crìonadh sluaigh, stèidhichidh sinn Bann Eilein – a' tabhann 100 bannan luach suas ri £50,000 am fear do dhaoine òga agus teaghlaichean gus fuireach no gluasad gu eileanan a tha an-dràsta fo chunnart crìonadh sluaigh. Cuidichidh na bannan daoine gus dachaighean a cheannach, gnìomhachasan a thòiseachadh agus ann an dòighean eile am beatha a dhèanamh anns na coimhearsnachdan sin”.

Tha an gealltanais seo a' toirt dhuinn grunnan fiosrachaidh aig àrd-ìre a thaobh adhbhar a' Bhann Eileanaich:

- Bidh maoin £5 millean airson nam bannan seo tro bheatha na pàrlamaid seo.
- Bidh luach a' bhanna airson gach 'duais' fa leth suas ri £50,000
- Bidh maoin eachadh calpa air chothrom do dh'òigridh is teaghlaichean gus fuireach ann an eileanan a tha fo chunnart crìonadh sluaigh, no airson imrich a dhèanamh annta.
- Cuidichidh na bannan a thèid a thoirt seachad daoine gus dachaighean a cheannach, a thogail no ath-nuadhachadh, gnìomhachasan a thòiseachadh agus ann an dòighean eile gus am beatha a dhèanamh ann an coimhearsnachdan eileanach san ùine-fhada.

Amasan a thathar a' moladh dhan Bhann:

Bidh am Bann Eileanach ag amas air dèiligeadh ri crìonadh sluaigh le bhith a' libhrigeadh eadar-theachd dhìreach a' bhios a' freagairt cuid de na prìomh chnapan-starra ionmhasail a thaobh a bhith a' fuireach anns na h-eileanan no a bhith a' dèanamh imrich ann.

Bidh an t-eadar-theachd seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt seachad suas ri £50,000 airson suas ri 100 dachaighean tro bheatha na pàrlamaid. Bidh am bann na aonta gus taic ionmhais a thoirt seachad stèidhichte air slatan-tomhais sònraichte gus taic a thoirt do luchd-còmhnaidh nan eilean fuireach sa choimhearsnachd aca, no gus teaghlaichean taobh a-muigh nan eilean a bhrosnachadh gus gluasad an sin.

Le bhith ag aithneachadh còmhstri a dh'fhaodadh èirigh bho dhaoine bhon taobh a-muigh a' gluasad gu coimhearsnachdan eileanach, feuchaidh sinn cuideachd ri roghainnean a chruthachadh airson taic no comhairleachadh airson daoine a tha airson imrich a dhèanamh do na h-eileanan. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith a' toirt seachad deagh thoiseach tòiseachaidh dhaibhsan a tha airson gluasad gu coimhearsnachdan eileanach.

Brosnaichidh taic ann an cruth maoinachadh calpa tro Bhann Eileanach eaconamaidhean ionadail nan eilean agus cuiridh e aghaidh air cnapan-starra ionmhasail a thaobh cothrom air fearann, taigheadas agus/no àite gnìomhachais a chuidicheas an dà chuid gleidheadh sluaigh agus fàs sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach.

Gu sònraichte, thathar an dùil gum biodh am bann a' cruthachadh fàs seasmhach agus in-ghabhaltach ann an coimhearsnachdan eileanach far a bheil daoine a gheibh am bann a' fuireach mar-thà, no far a bheil daoine air imrich a dhèanamh ann, agus tro bhith a' cruthachadh nan slatan-tomhais aige gu faiceallach, bhiodh e cuideachd a' lùghdachadh neo-ionannachd agus a' cur an aon chuideam air leasachadh eaconomach, àrainneachdail agus sòisealta.

Ceistean a dh'fhaodadh èirigh:

A' mìneachadh agus a' comharrachadh eileanan fo chunnart crìonadh sluaigh

Bidh tuigse air an dùbhlán sluaigh air a bheil sinn airson aghaidh a chur na phrìomh fhactar ann a bhith a' co-dhùnadh far a bheil sinn airson eadar-theachdan a dhèanamh, agus dh'fhaodadh sin a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir:

- A' comharrachadh eileanan far an robh crìonadh sluaigh ann gu h-eachdraidheil.
- A' comharrachadh eileanan far a bheil dùil gum bi crìonadh sluaigh ann.
- A' sgrùdadh a bheil crìonadh sluaigh eadar-dhealaichte ann an eileanan fa-leth, m.e. a bheil sgrùdadh nas mionaidiche a' sealltainn gu bheil fàs sluaigh ann an cuid de sgìrean.
- A' beachdachadh am bu chòir dhuinn a bhith a' coimhead air àireamh iomlan an t-sluaigh no am bu chòir dhuinn cuimseachadh air deamografaigean sònraichte.

Ion-roghnachd

Chan eil liosta againn aig an àm seo de na h-eileanan far am biodh am bann ri fhaighinn. Tha seo mar thoradh air na ceistean a chaidh a thogail gu h-àrd. Bu toil leinn barrachd tuigse fhaighinn air na dùbhlain sluaigh tron cho-comhairle againn am-bliadhna.

'S e ceist ro-chudromach eile mar a dh'fhaodadh am bann taic a thoirt do gach cuid daoine a tha ag iarraidh fuireach no tilleadh gu coimhearsnachdan eileanach, agus iadsan a tha airson gluasad gu coimhearsnachdan eileanach.

Feumar beachdachadh cuideachd air dè na cosgaisean calpa a bhios ion-roghnach, agus dh'fhaodadh gun toir prìomhachasan/agus no feumalachdan a tha air an comharrachadh gu h-ionadail buaidh air seo.

Luach a' Bhanna

Gus dèanamh cinnteach gu bheil an ìre maoinachaidh reusanta, dh'fhaodte gum feumar an luach aig bannan fa leth a bhith stèidhichte air feumalachdan. Ann a bhith a' cruthachadh a' phròiseis measaidh, feumar sgrùdadh a dhèanamh air dè an fhianais a bhiodh iomchaidh airson bann iarraidh, dearbhadh gum biodh maoinachadh air a chaitheamh a rèir slatan-tomhais aontaichte, agus air roghainnean airson sgrùdadh/measadh. Feumaidh seo a bhith air a chothromachadh a rèir a' chomais-libhrigidh aig pannal/sgioba measaidh sam bith, agus air an fheum gus dèanamh cinnteach gum bi am bann ruigsinneach.

A' tomhas/a' measadh a' bhanna

Bhiodh a bhith a' tomhas adhartas agus soirbheas a' bhanna a' gabhail a-steach an dà chuid anailis uimhireil agus càileachdail.

Uimhireil:

- Àireamh agus luach nam bannan a chaidh a thoirt seachad;
- Àireamh, luach nam bannan fa leth, agus àite nan dachaighean a tha a' faighinn a' bhann gus taic a thoirt seachad gus fuireach ann an coimhearsnachd eileanach;
- Àireamh, luach nam bannan fa leth, agus àite nan dachaighean a tha a' faighinn a' bhann gus taic a thoirt seachad gus imrich a dhèanamh do choimhearsnachd eileanach;
- Mion-sgrùdadh air a' bhuidh nas fharsainge aig tasgadh ann am bannan a' gabhail a-steach cosnadh a bharrachd air a chruthachadh, àrdachadh ann an àireamhan ann an sgoiltean ionadail, cosg airgead bhon bhanna san sgìre/gnìomhachas ionadail.

Càileachdail:

- Sgrùdaidhean cùise de dhachaighean a tha a' faighinn a' bhann a bheireadh cuideam air na buannachdan agus na dùbhlain a dh'fhaodadh a bhith ann a bhith a' fuireach ann, no a' gluasad gu, coimhearsnachdan eileanach.

Tro na tomhasan gu h-àrd, bidh e comasach dhuinn soirbheachas a' bhanna a thomhas, agus slatan-tomhais a' bhanna atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e fhathast a rèir feumalachdan sluagh nan coimhearsnachdan eileanach.

Nòta air teirmean Cruinn-eòlasach air an cleachdadh sa Cho-chomhairle:

Bidh ceistean san t-suirbhidh a tha ag iarraidh fiosrachaidh air àiteachan eileanach a' bruidhinn air "Buidhnean Eileanan". Chaidh na buidhnean seo a chruthachadh tron fhrèam airson Suirbhidh Plana Nàiseanta nan Eilean a chaidh fhoillseachadh air 9 Iuchar 2021. Tha na buidhnean agus na h-eileanan a tha annta anns a' chlàr gu h-ìosal.

Gheibhear an suirbhidh agus an dòigh-obrach ann an [Suirbhidh Plana Nàiseanan nan Eilean: an aithisg mu dheireadh- gov.scot \(www.gov.scot\)](http://www.gov.scot).

Buidheann de dh'eileanan	Eileanan
Eileanan Earra-Ghàidheal	Cearrara, Colla, Colbhasa, Diùra, Èistéal, Giogha, Gòmastra, Ì, Lios Mòr, Luìng, Muile, Orasa, Saoil, Tìriodh, Ulbha.
Arainn, Bòd, Cumaradh	Arainn, Bòd, Cumaradh
Leòdhas is na Hearadh	Beàrnaraigh, Leòdhas agus na Hearadh, Sgalpaigh
Tìr-mòr Arcaibh	Burray, Ronaldsay a Deas, Tìr-mòr Arcaibh
Eileanan a-muigh, Arcaibh	Eday, Egilsay, Flotta, Graemsay, Hoy, Papa Stronsay, Papa Westray, Ronaldsay a Tuath, Rousay, Sanday, Shapinsay, Stronsay, Westray, Wyre
Tìr-mòr Shealtainn	Burra an Iar, Burra an Ear, Muckle Roe, Tìr-mòr Shealtainn, Trondra
Eileanan a-muigh, Sealtainn	Bressay, Bruray, Fair Isle, Fetlar, Foula, Housay, Papa Stour, Unst, Whalsay, Yell
An t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Tarsaing	Canaigh, Eige, Eilean Iùbh, Eilean nam Muc, Eilean Tioram, An t-Eilean Sgitheanach, Ratharsair, Rònaigh, Rùm, Sanndaigh, Sòthaigh
Uibhist is Barraigh	Am Baile Sear, Barraigh, Beàrnaraigh (Uibhist), Beinn na Faoghla, Bhatarsaigh, Èirisgeigh, Griomasaigh (a deas) Griomasaigh (a tuath), Sunamul, Uibhist a Deas, Uibhist a Tuath.

2. Ceistean co-chomhairleachaidh

1. Dè na ciad beachdan agad air na slatan-tomhais a tha air am moladh airson a' Bhanna Eileanaich?

Thuirt am Manifesto:

- Bidh maoin £5 millean airson nam bannan seo tro bheatha na pàrlamaid seo.
- Bidh luach a' bhanna suas ri £50,000
- Bidh maoin eachadh calpa air chothrom do dh'òigridh is teaghlaichean gus fuireach ann an eileanan a tha fo chunnart crìonadh sluaigh, no imrich a dhèanamh ann; agus
- Cuidichidh na bannan a thèid a thoirt seachad daoine gus dachaighean a cheannach, a thogail no ath-nuadhachadh, gnìomhachasan a thòiseachadh agus ann an dòighean eile gus am beatha a dhèanamh ann an coimhearsnachdan eileanan san ùine-fhada.

2. Dè an t-eilean anns a bheil thu a' fuireach an-dràsta? *Ma bhios seo iomchaidh.*

- | | |
|--|--|
| <ul style="list-style-type: none">• Eileanan Earra-Ghàidheal• Arainn, Bòd, Cumaradh• Leòdhas is na Hearadh• Tìr-mòr Arcaibh• Eileanan a-muigh, Arcaibh | <ul style="list-style-type: none">• Tìr-mòr Shealtainn• Eileanan a-muigh, Sealtainn• An t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Tarsainn• Uibhist is Barraigh |
|--|--|

3. Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, dè do bheachd air na dùbhlain as motha a th' aig an sgìre agad, agus carson?

4. A) Ma tha thu a' fuireach ann an eilean, a bheil deamografaigean sònraichte nach eil air an riochdachadh gu leòr san sgìre agad air am bu chòir am Bann Eileanach a bhith ag amas, nad bheachd?

- | | |
|---|--|
| <ul style="list-style-type: none">• Aois• Gnè• Cinneadh | <ul style="list-style-type: none">• Proifeiseanan• Ciorram• Eile |
|---|--|

B) Mìnich na h-adhbharan agad

5. Dè bu chòir a bhith na phrìomhachas aig a' Bhann Eileanach (tagh fear de na roghainnean gu h-ìosal:)

- Fàs Sluaigh (a' brosnachadh dhaoine a bhith a' dèanamh imrich do na h-eileanan)
- Glèidheadh Sluaigh (a' cumail taic ris a' choimhearsnachd làithreach gus fuireach ann)
- An dà chuid
- Eile

6. Dè an tasgadh calpa a bharrachd tron Bhann Eileanach a bheireadh a' bhuidh as motha air co-dhùnaidhean dhaoine a bhith a' fuireach ann, no a' gluasad gu, coimhearsnachdan eileanach?

7. A bheil thu ag aontachadh gum feumadh seirbheis chomhairleachaidh a bhith ann gus taic a chumail ris an fheadhainn a tha gu bhith ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

Le bhith ag aithneachadh còmhstri a dh'fhaodadh èirigh bho dhaoine bhon taobh a-muigh a' gluasad gu coimhearsnachdan eileanach, feuchaidh sinn cuideachd ri roghainnean a chruthachadh airson taic no comhairleachadh airson daoine a tha airson imrich a dhèanamh do na h-eileanan. Dh'fhaodadh seo cuideachadh le bhith a' toirt seachad toiseach tòiseachaidh nas fheàrr dhaibhsan a tha airson gluasad gu coimhearsnachdan eileanach.

Dh'fhaodadh dleastanasan na seirbheis seo a' bhith a' gabhail a-steach, ach gun a bhith cuibhrichte ri:

- Taic le bhith ag aithneachadh sheirbheisean agus taic ionadail.
- Fiosrachadh mu chlubaidhean agus buidhnean ionadail.
- A' mìneachadh roghainnean siubhail agus còmhhdail airson eilean no coimhearsnachd eileanach fa-leth.
- A' sealltainn cho cudromach 's a tha an cultar, coimhearsnachd agus eachdraidh ionadail.

- Ag aontachadh gu mòr
- Ag aontachadh
- Gun aonta no eas-aonta
- Ag eas-aontachadh
- Ag eas-aontachadh gu mòr

8. Nad bheachd, dè am prìomh amas agus dleastanas a bu chòir a bhith aig an t-seirbheis co-chomhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

9. Cò bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh seirbheis co-chomhairleachaidh gus taic a chumail dhaibhsan a tha ag imrich gu coimhearsnachdan eileanach?

10. Ciamar a dh'fhaodadh am Bann Eileanach buaidh a thoirt orrasan air a bheil feartan dìonte?

Is iad na feartan dìonte:

- Aois
- Ciorram
- Ath-bhuileachadh gnè
- Pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta;
- Leatromachd agus Màthaireachd;
- Cinneadh
- Creideamh no Feallsanachd
- Gnè
- Taobhadh Feise

11. A bharrachd air an fheadhainn air an tug sinn cunntas sa Phàipear Co-comhairleachaidh, dè na dòighean eile a dh'fhaodamaid cleachdadh gus adhartas agus buaidh a' Bhanna Eileanaich a thomhas?

12. Beachd sam bith eile agad air Bann nan Eilean.

3. A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Tha sinn a' sireadh beachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh de **25 Dàmhair 2021**.

Cuir do beachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadh hub co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space (<http://consult.gov.scot>). Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig <https://consult.gov.scot/agriculture-and-rural-economy/development-of-the-islands-bond>. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh 25 Dàmhair 2021.

Mur a bi e comasach dhut freagairt tron hub co-chomhairleachaidh againn, cuir am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt gu:

SGIOBA NAN EILEANAN
Riaghaltas na h-Alba
B1 SPUR
TAIGH SAUGHTON
DÙN ÈIDEANN, EH11 3XD

A' làimhseachadh do fhreagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaidh, thèid do chur air adhart chun na duilleig "Mu do Dheidhinn" mus cuir thu do beachd air ais. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agad, agus gu sònraichte a bheil thu toilichte gun tèid an fhreagairt agad fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhut freagairt tro Citizen Space, lìon agus cuir air ais am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

Na h-ath-cheumannan sa phròiseas

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus an dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh an ceann-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

Beachdan agus gearanan

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir seo chun an t-seòlaidh gu h-àrd, no gu riit@gov.scot.

Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agad air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>.

Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus do bheachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fhianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh eadar diofar molaidhean poileasaidh
- air an cleachdadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fhiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblaich iomchaidh

FOIRM FIOSRACHAIDH MUN NEACH-FREAGAIRT

Thoir an aire gum feumar am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no mar bhuidhinn?

- Neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh do chead an fhreagairt cho-chomhairle agad fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich an fhreagairt le ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich an fhreagairt

Fiosrachadh do bhuidhnean eile:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne a thaghadh co-dhiù.

Ma thaghas tu an roghainn 'Na foillsich an fhreagairt', dh'fhaodte gun tèid ainm na buidhne agad a liostadh air an liosta de luchd-freagairt na co-chomhairle, mar eisimpleir, anns an aithsig anailis.

Bidh sinn a' sgaileadh na freagairt agaibh gu sgiobaidhean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidhean a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog sibh fhèin. Dh'fhaodadh gum bi iad ag iarraidh bruidhinn ribh sna làithean air thoiseach, ach feumaidh sinn ur cead airson sin a dhèanamh. A bheil sibh toilichte gum bi Riaghaltas na h-Alba a' bruidhinn ribh a-rithist mun cho-chomhairle seo?

Tha Chan eil



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2021

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhal air nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh go Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3EG

ISBN: 978-1-80201-209-5 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, am t-luchar 2021.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS907706 (07/21)

www.gov.scot